

	Co-òrdanaiche Ionad Cnoc Soilleir
Fiosrachadh	<p>Tha Cnoc Soilleir Ltd a' lorg cuideigin a chuireas ris an sgioba againn gus a' phròiseict chudromach ùr seo a libhrigeadh ann an Uibhist a Deas.</p> <p>Ann a bhith a' gluasad bho thogail gu obrachadh, tha sinn a' sireadh neach dealasach agus còmhhdalach a bhios mar riochdaire air na goireasan ùra againn, agus a bhios a' gabhail uallach obrachadh shoirbheachail an togalaich agus ceangalan a chruthachadh le ar com-pàirtichean agus a' choimhearsnachd.</p> <p>Tha obair togail an ionaid ùr againn, Cnoc Soilleir, a-nis air crìochnachadh. Bithidh e a' fosgladh ceum air cheum le tachartasan tron t-samhradh a dh' ionnsaigh làn chleachdadh nuair a thòisicheas bliadhna sgoilearach na colaiste san Lùnastal 2022.</p>
Cò sinne	<p>'S e com-pàirteachas co-iomairt eadar Ceòlas Uibhist (CU) agus UHI Innse Gall (UHI IG) a th' ann an Cnoc Soilleir Ltd (CS Ltd). Chaidh a stèidheachadh gus togalach Chnoc Shoilleir a thogail agus a ruith, togalach a bhios na dhachaigh ùr dhar luchd-seilbh agus dhar com-pàirtichean, ann an cridhe Uibhist a-Deas.</p> <p>Tha e san lèirsinn againn:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Gum bi togalach fosgailte agus fàilteachail ann an cridhe na coimhearsnachd • Gum bi brosnachadh, àrdachadh agus com-pàirteachadh ann an cànan agus dualchas nan Gàidheal freumhaichte san obair againn • Gum bi a' choimhearsnachd an sàs san obair againn, agus Cnoc Soilleir a' cur ri fàs eaconamach agus cultarach na coimhearsnachd • Gum bi cothroman foghlaim air an leudachadh, leis a' cholaiste anns a' choimhearsnachd • Gum bi e comasach do gach buidheann a tha an sàs ann na raointean obrach aca a leudachadh an dà chuid leotha fhèin, agus còmhla.
Adhbhar agus amas an dreuchd	Riochdaire a bhith ann don togalach a bhios a' gabhail uallach obrachadh shoirbheachail an togalaich agus uallach ceangalan a chruthachadh le ar com-pàirtichean agus a' choimhearsnachd.
Stiùireadh	Airson a' chiad 6 mìosan, bithidh dreuchd a' Cho-òrdanaiche Ionad fo stiùir Manaidsear Phròiseict CS. As dèidh sin, bithidh Bòrd Stiùiridh CS Ltd a' gabhail an uallaich.
Àite	Cnoc Soilleir, Dalabrog, Uibhist a Deas HS8 5SS
Tuarastal	£26-£28,000
Seòrsa obrach	Làn-thìde, 35 uairean a thìde san t-seachdain
A' tòiseachadh	Ri aontachadh
Mar a chuireas tu a-steach	Cuir thu a-steach CV agus litir còmhdaich goirid (gun a bhith nas fhaide na aon taobh de A4), a' mìneachadh do fhreagarrachd airson na dreuchd seo, gu catherine@cnocsoilleir.org ro 12 Ògmhios 2022

	Co-òrdanaiche Ionad Cnoc Soilleir
Dreuchd	<p>Bithidh na leanas an urra ris an neach-obrach</p> <ul style="list-style-type: none"> • Obrachadh soirbheachail an togalaich • Lìbhrieadh seirbheis fàilteachais agus bucadh seòmraichean an togalaich • Cumail suas an uidheamachd choitcheann, na goireasan agus na seirbhisean aontaichte. • Slàinte agus sàbhailteachd, na sgrùdaidhean agus na co-ghnàthsan tèarainteachd a dh'fheumas a bhith an sàs don togalach • Ceangal ri agus co-obrachadh le UHI IG agus luchd-obrach Ceòlas a bhios ag obair ann an Cnoc Soilleir • Cead-inntrigidh an treas-phàrtaidh, stiùireadh agus cleachdadh an togalaich nach eil an urra ri UHI IG no Ceòlas • Togail air cleachdadh an togalaich leis a' choimhearsnachd • Obair còmhla ri UHI IG agus Ceòlas gus an togalach, agus cleachdadh an togalaich, a shanasachd agus a bhrosnachadh. • Stiùireadh làitheil air dreuchdan neach-glèidhidh agus luchd-glanaidh an togalaich • Aithisg ionmhais agus obrachadh a chur a-steach gach mìos gu Bòrd Stiùiridh CS Ltd
Sgilean agus eòlas	<ul style="list-style-type: none"> • Comas conaltraidh labhairteach agus sgrìobhte aig àrd ìre (Riathanach) • Fileanta sa Ghàidhlig (R) • Comasach ais obair a ghabhail orra fhèin agus a bhith a' stiùireadh dhaoine eile (R) • Eòlas air fàilteachas no obair eile far a bheilear a' dèiligeadh ris a' phobaill (Feumail) • Eòlas air solarachadh seirbhisean coitcheann (F) • Math air IT a chleachdadh agus air aithisgean a sgrìobhadh (R) • Comasach air a bhith ag obair le faiceall, le dioplòmasaidh agus air nithean a chumail dìomhair (R)
Foghlam agus eòlas	<ul style="list-style-type: none"> • Fòghlam gu ìre ceum, no a cho-chosmhail. (R) • Làn chead dràibhidh agus cothrom air carbad (F)